

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Loch Raineach (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,270. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 966 corresponds to Litir 1,270. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

As t-samhradh sa chaidh bha mi air ais ann an sgìre Raineach ann an Siorrachd Pheairt. Tha mi air a bhith anns an sgìre sin grunn tursan, ach roimhe seo cha robh mi air a bhith ann an Stèisean Rèile Raineach. Chuir mi sin ceart an turas seo. Tha an stèisean gu math iomallach, ged a tha e air an **rathad-iarainn** eadar Glaschu agus An Gearasdan.

Carson a bha mi ann? Uill, bha mi a' toirt lioft do chuideigin a bha a' dol a chur seachad an latha ann an sgìre eadhon nas iomallaiche. 'S e an ath stèisean air an loidhne-rèile, taobh a' Ghearasdain de Raineach, Stèisean a' Choire Odhair. Chan eil rathad ceart a' dol ann ach tha ostail òigridh faisg air làimh agus tha taigh-bìdh aig an stèisean fhèin. Bidh daoine a' falbh 's a' tighinn air an trèana.

Leis gum bithinn ann an sgìre Raineach fad an latha, shaoil mi gum biodh e tlachdmhor falbh a-mach air Loch Raineach ann am bàta. Agus thug mi bàta leam! Uill, cha robh ann ach geòla rubair a tha mòr gu leòr airson aon duine.

Stad mi air a' chladach aig ceann an iar Loch Raineach, far an robh tràigh-ghainmhich, agus chuir mi am bàta a dh'at le pumpa. Cheangail mi an dà ràmh ris, chuir mi seacaid-shàbhalaidh orm agus dh'fhalbh mi air fleod. B' fheudar dhomh faighinn seachad air lach agus a h-iseanan nach robh toilichte gun robh mi air an tràigh aca!

Rinn mi aon mhearachd ge-tà. Cha do chuir mi stuth-grèine air mo chasan airson an dìon an aghaidh solas na grèine. Bha briogais ghoirid orm agus chaidh mo chasan a losgadh leis a' ghrèin.

Co-dhiù, chaidh mi an toiseach gu eilean air a bheil, air na mapaichean, Eilean Beul na Gaoire. Tha Beul sgrìobhte mar B-E-A-L air mapaichean an latha an-diugh ach bha e sgrìobhte mar B-E-U-L air na seann mhapaichean. Chanainn gu bheil an t-eilean mu acaire ann am meud. Tha e doirbh dèanamh a-mach an robh daoine riamh a' fuireach ann oir tha e còmhdaichte an-diugh le preaslach de sheilich a tha gu math tiugh. Agus seo pìos beag fiosrachaidh nach toir mi seachad do dhuine ach luchd-leughaidh na Litreach – tha tràigh-ghainmhich bheag anns an eilean a tha fìor math airson snàmh!

Bha mi a' gabhail iongnadh mu ainm na h-aibhne. Mar a shaoileas sibh, tha an t-eilean aig beul aibhne. 'S e *River Gaur* a th' oirre mar ainm, co-dhiù a rèir

mapaichean an latha an-diugh. Ach dè a' Ghàidhlig air sin? Uill, bha cuid de na seann mhapaichean ag innse dhuinn gur e Abhainn Gaoire a bh' oirre.

Shaoileadh sibh, le sin, gu bheil ainm na h-aibhne co-cheangailte ris an fhacal *gaoir*. Tha faclair Dwelly ga mhìneachadh mar '*loud and continuous murmuring sound*'.

Ge-tà, tha an t-eòlaiche, Uilleam MacBhàtair, ag ràdh gur e Gamhar – G-A-M-H-A-R a th' air an abhainn mar ainm. Tha MacBhàtair dhen bheachd gu bheil Gamhar na dhreach Gàidhlig air ainm àrsaidh Ceilteach. Tha e a' ciallachadh 'uisge geamhraidh' no '*wintry stream*' leis gum biodh an abhainn a' dol na tuil nuair a bhiodh sneachd a' gheamhraidh a' leaghadh. Dh'fhàg sin ceist nam cheann – am bu chòir don eilean a bhith ainmichte mar Eilean Beul a' Ghamhair no Eilean Beul na Ghamhair, seach Eilean Beul na Gaoire?

* * * * *

Faclan na Litreach: Raineach: *Rannoch*; Siorrachd Pheairt: *Perthshire*; Stèisean Rèile Raineach: *Rannoch Station*; iomallach: *remote, peripheral*; tlachdmhor: *pleasurable*; Uilleam MacBhàtair: *William J Watson*; àrsaidh: *ancient*.

Abairtean na Litreach: eadhon nas iomallaiche: *even more remote*; 's e an ath stèisean air an loidhne-rèile, taobh a' Ghearasdain de Raineach, Stèisean a' Choire Odhair: *the next station on the railway line, on the Fort William side, is Corroun Station*; tha ostail òigridh faisg air làimh agus tha taigh-bìdh aig an stèisean fhèin: *there is a youth hostel nearby and there is a restaurant at the station itself*; cha robh ann ach geòla rubair a tha mòr gu leòr airson aon duine: *it was just a rubber dinghy that was big enough for one person*; chuir mi am bàta a dh'at le pumpa: *I pumped up the boat with a pump*; chuir mi seacaid-shàbhalaich orm agus dh'fhalbh mi air fìod: *I donned a lifejacket and went afloat*; b' fheudar dhomh faighinn seachad air lach agus a h-iseanan: *I had to get past a duck and her ducklings*; cha do chuir mi stuth-grèine air mo chasan: *I didn't put sunblock on my legs*; chaidh mo chasan a losgadh: *my legs were burned*; mu acaire ann am meud: *about an acre in extent*; còmhdaichte an-diugh le preaslach de sheilich a tha gu math tiugh: *covered today by willow scrub that is extremely dense*; shaoileadh sibh, le sin, gu bheil ainm na h-aibhne co-cheangailte ris an fhacal: *you'd think, with that, that the river's name is connected to the word*; leis gum biodh an abhainn a' dol na tuil nuair a bhiodh sneachd a' gheamhraidh a' leaghadh: *because the river would flood [was becoming a flood] when the winter snow was melting*.

Puing-chànain na Litreach: ged a tha e air an **rathad-iarainn** eadar Glaschu agus An Gearasdan: *although it is on the railway line between Glasgow and Fort William. Although the usual phrase today for 'railway line' is loidhne-rèile, I have here used the old term which you will still sometimes here. Rathad-iarainn literally means 'iron road' and was used initially when railway lines were constructed in the Highlands.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Leis gum bithinn** ann an sgìre Raineach fad an latha: *because I would be in Rannoch all day.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA